

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/03/24

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 28 Màrt 2024

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg a' toirt an fhiosrachaidh a leanas do Bhuill:

- a) Cunntas às ùr mu na prìomh thachartasan o chionn ghoirid taobh a-staigh Foghlam Gàidhlig:
- Prìomh theachdaireachdan bho Sgrùdadh So-dhèantachd Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) 3–18 airson Inbhir Nis
 - Dàta sgoilearan 2023–24
- b) Cunntas às ùr air adhartas Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) a' gabhail a-steach Ionnsachadh Didseatach FLI agus adhartas ann am prìomhachas ro-innleachdail airson Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig 1+2.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- Beachdachadh air na prìomh theachdaireachdan bho Sgrùdadh So-dhèantachd Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) 3–18 airson Inbhir Nis
- Toirt fa-near dhan àrdachadh ann an àireamhan sgoilearan Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd.
- Toirt fa-near do na h-ath cheumannan mar a tha air an toirt seachad ann am paragraf 4.7

3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha na buaidhean air goireasan taobh a-staigh nam prìomh shruthan buidseit a th' ann an-dràsta agus a tha a' gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, Maoin nam Planaichean Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig), agus maoin eachadh teachd-a-steach bunaiteach na Comhairle.

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas air ùghdarras foghlaim brosnachadh agus taic a thoirt do dh'Fhoghlam Gàidhlig (earrann 15).

3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.

3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Far an urrainnear, bithear a' cumail choinneamhan air-loidhne.

3.5 Cunnart

Nach eilear a' coileanadh nam builean a thaobh Foghlam Gàidhlig ann am Plana na Gàidhlig agus ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

3.6 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)

Chan eil buaidhean ann.

3.7 Gàidhlig

Tha an aithisg a' cur ri Foghlam Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

4. **Sgrùdadh So-dhèantachd Solar FtG 3–18 airson Inbhir Nis**

4.1 Chaidh an sgrùdadh so-dhèantachd a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig 3–18 a chur a-steach gu Comhairle na Gàidhealtachd.

4.2 Tha structar an sgrùdaidh sho-dhèantachd a' gabhail a-steach nan ìrean a leanas:

Ìre 1 Cuir Fios

Ìre 2 Rannsaich

Ìre 3 Mion-sgrùdadh So-dhèantachd

Ìre 4 Cuir an Cèill agus Mol


Tha an aithisg air prìomh thoraidhean is mholaidhean a thoirt seachad agus cuiridh iad seo fios is susbaint ris a' mhapa stiùiridh gus am faighear am modail campais FtG as fheàrr airson Inbhir Nis.

4.3 **Factaran Soirbheachais airson Modail Campais san Àm ri Teachd (Sealladh Comhairliche Cleachdaiche)**

Tha an sgrùdadh so-dhèantachd a' toirt seachad comhairle air slighe air adhart gus FtG a chumail suas agus fhàs ann an Inbhir Nis agus coimhearsnachdan Gàidhealach eile. Tha na molaidhean ag amas air taic a thoirt do choileanadh agus toraidhean

buileachaidh nas fheàrr ann an Gàidhlig ann an Inbhir Nis agus air feadh na Gàidhealtachd.

Bha an sgrùdadh so-dhèantachd a' conaltradh is a' dèanamh agallamhan le mu 40 neach-cleachdaidh agus comhairliche. Tha luchd-cleachdaidh a' moladh gu bheil na feartan a leanas, a tha air an nochdadh ann an grafaig-fiosrachadh, deatamach ann a bhith a' libhrigeadh deagh FtG.



- 4.4 Tha an sgrùdadh air na feartan soirbheachais a leanas a cho-roinn thar trì raointean airson dòigh-obrach FtG 3–18.

Bogadh sa Ghàidhlig

Bu chòir cuideam a chur air càileachd eòlasan bogaidh bho 3–18. Bu chòir beachdachadh air co-thaobhadh sòisealta nas fharsainge a thaobh sgoilearan àrd-sgoile fhad 's a thathar a' dèanamh cinnteach à bogadh co-rèireach. Cuiridh cothroman airson teisteanas àrd-sgoile eile aig ìre SQA ri coileanaidhean. Cuiridh measadh bliadhnaile air bogadh, air a stiùireadh leis an àrd-sgioba stiùiridh, ri leasachadh càileachd. Tha luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus sgoilearan FtG a' faighinn buannachd bho cho-theacsaichean dealbhaichte airson cleachdadh càinain. A' toirt taic do dhaoine òga gus barrachd tuigse fhaighinn air agus ceanglaichean a dhèanamh ri luach na Gàidhlig sna builean aca san àm ri teachd mar phàirt de na sgilean aca airson beatha, ionnsachadh agus obair.

Luchd-obrach

Tha structaran Àrd-stiùiridh a' gabhail a-steach sònrachadh Gàidhlig riatanach airson sgoil Ghàidhlig a tha air a co-shuidheachadh. Cho cudromach 's a tha obair com-pàirteachais Gàidhlig le dàimh bhon taobh a-muigh airson leasachadh curraicealaim nas fharsainge. Fòcas air leasachadh ceannardais sònraichte dhan Ghàidhlig mar a chaidh a mholadh tron *Chomhairle mu Fhoghlam Gàidhlig* aig Foghlam Alba. Planadh airson eòlasan agus builean airson cleachdadh na Gàidhlig san fharsaingeachd agus obair pròiseict. Aithneachadh cho cudromach 's a tha an ceangal eadar modailean-obrach inbheach airson builean nas fheàrr ann am fileantachd sa Ghàidhlig.

Àite

Bidh ìrean dealbhaidh airson àrainneachdan ionnsachaidh FtG a' beachdachadh air ro-mheasaidhean aig na h-ìrean tràtha.

- 4.5 Bha prìomh phuingeann ionnsachaidh air am moladh leis an sgrùdadh mar riatanach airson FtG a chumail suas agus fhàs. Tha iad sin a' sealltainn gum faod na puingeann seo cur ri soirbheachas ann am buileachadh agus coileanadh ann an Inbhir Nis agus coimhearsnachdan Gàidhealach eile.

Teisteanas litearrachd Gàidhlig barrantaichte air a choileanadh mus fàgar an sgoil. Feumalachdan trèanaidh sùbailte sa Ghàidhlig agus trèanadh a bharrachd airson bogadh tro Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd. Cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh àbhaisteach taobh a-staigh agus thar sgoiltean FtG agus Beurla a tha air an co-shuidheachadh. Airson ìre àrd-sgoile, dòigh-obrach nàiseanta ann an slighean curraicealaim àbhaisteach airson cùrsaichean Gàidhlig Foghlam Coitcheann Farsaing agus SQA.

- 4.6 Tha an clàr seo a' toirt cunntas air farsaingeachd, pròifil agus toradh an rannsachaidh a chaidh a dhèanamh gus fiosrachadh a thoirt dhan làn sgrùdadh. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn an rannsachaidh chuimsichte a chaidh a dhèanamh.

Àir.	Pròifil	Cuin	Buaidh nan toraidhean	Toradh rannsachaidh (Àireamh sheiseanan conaltraidh)
1	Lèirmheas air prìomh aithisgean, sgrìobhainnean comhairleachaidh agus poileasaidh	Cèit – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	10 x sgrìobhainnean dìreach & 5 x làraich-lìn
2	Agallamhan clas bun-sgoile agus àrd-sgoile	Sult 2023	Amalaichte tron aithisg	15 agallamhan clasa (P5 gu S6)
3	Còmhraidhean tidseir agus luchd-obrach	Ògmh – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	13 agallamhan tidseir aon ri aon 1 x deasbaireachd buidhne
4	Suirbhidhean phàrant BSGI & Sgoil-àraich BSGI & Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis	Sult – Dàmh 2023	Amalaichte tron aithisg	3 x suirbhidhean gnàthaichte
5	Comhairlean Phàrant & Buidhnean Phàrant	Sult – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	2
6	Comhairlichean agus luchd-cleachdaidh roinn na Gàidhlig	Cèit – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	28 (30 mion gu 1.5 uair a thìde am fear)
7	Sgrùdaidhean cùise; bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean coimeasach ann an Alba	Sult – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	2 x agallamhan tidseir dìreach agus 4 x ath-sgrùdadh air-loidhne air làrach-lìn Foghlam Alba
8	Dreuchd ionnsachadh didseatach ann an	Sult – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	Tidsearan agus 2 x solaraidhe foghlaim dhitseataich


	curraicealam na h-àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig – solaraichean cleachdaidh, tidsearan àrd-sgoile agus bun-sgoile			
9	Seasmhachd a thaobh ro-mheasaidhean sgoilearan; gleidheadh solar luchd-teagaisg; trèanadh agus taic; agus cothrom air curraicealam agus leasachadh	Ògmh – Dùbh 2023	Amalaichte tron aithisg	Oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd, tidsearan, agus comhairlichean bho roinn na Gàidhlig.

4.7 Na h-Ath Cheumannan

Chaidh ciad choinneamh a chumail le Riaghaltas na h-Alba sa Ghearran 2023 gus fiosrachadh às ùr a thoirt seachad air solar 3–18 ann an Inbhir Nis. Is e na h-ath cheumannan coinneachadh ri luchd-ùidh gus beachdachadh agus tighinn gu aonta mun lèirsinn airson FtG 3–18 airson Inbhir Nis, a’ cleachdadh an sgrùdaidh sho-dhèantachd gus fiosrachadh a thoirt seachad mu na ceumannan iomchaidh gus leudachadh agus fàs seasmhach ann am foghlam Gàidhlig a neartachadh san àm ri teachd.

5. Àireamhan Sgoilearan Gàidhlig 2023–24

- 5.1 Ann an seisean 2022–23, tha 1,827 sgoilear uile gu lèir ann am FtG 3–18 an-dràsta ann an sgìre na Gàidhealtachd le 2,030 a’ clàradh chothroman Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean. Tha an dàta seo bho chruinneachadh dàta san t-suirbhidh sgoilearan Gàidhlig againn sa Ghearran 2024. Chan eil dàta airson 2023–24 ri fhaotainn aig àm sgrìobhaidh.



Tha mapa air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd a tha a’ sealltainn do phàrantan/luchd-cùraim far a bheil na sgìrean anns a bheil Comhairle na Gàidhealtachd a’ solarachadh foghlam Gàidhlig sgoil-àraich, bun-sgoile is àrd-sgoile.

Tha am mapa gu h-àrd a' sealltainn an fhiosrachaidh a leanas:

- Gach solar sgoil-àraich Gàidhlig (saighdean buidhe)
- Gach solar bun-sgoile Gàidhlig (croisean gorma)
- Gach solar àrd-sgoile Gàidhlig (prineachan dearga)

5.2

Àireamhan Sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig ann an Sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd						
Bliadhna	Sgoiltean-àraich FtG	Cròileagain Choimiseanaichte	Sgoilearan Bun-sgoile FtG	Àrd-sgoiltean		
				FtG – A' Dèanamh Gàidhlig	FtG – A' Dèanamh Chuspairean tron Ghàidhlig	FLI
2020–21	260	23	1,058	414	286	2,208
2021–22	274	33	1,082	438	287	2,204
2022–23	303	36	1,101	436	354	2,030
2023–24	346	16*	1,087	485	296	2,123

*Tha an àireamh seo air a dhol sìos air sgàth lùghdachadh san àireimh sholaraichean com-pàirteachais bho 2 gu 1. Chan eil TICC FtG Inbhir Pheofharain na ionad com-pàirteachais tuilleadh. 'S e solar le Comhairle na Gàidhealtachd a th' ann a-nis.

5.3

Tha an clàr a leanas a' toirt seachad fiosrachadh air dàta clàrachaidh TICC bho Ghearran 2023.

Sgoilearan ann an Sgoiltean-àraich a tha air am Maoineachadh gu Poblach/Cròileagain Choimiseanaichte – Àireamhan Sgoilearan aig Toiseach na Bliadhna Acadaimigich			
Bliadhna	2021–22	2022–23	2023–24
TICC FtG	307	339	362
% atharrachadh TICC FtG	+7.82%	+9.43%	+6.35%
Àrdachadh clàrachaidh	+24	+32	+23

Tha an dàta a' nochdadh gu bheil àrdachadh de 23 leanabh ann gu àireamh iomlan de 362 ann an sgoiltean-àraich agus ionadan com-pàirteachaidh FtG sa Ghearran 2024.

Tha TICC FtG Inbhir Pheofharain air fosgladh a-rithist o chionn ghoirid às dèidh briseadh ann an solar chom-pàirtichean. Tha an solar air gluasad o chionn ghoirid bho sholaraiche com-pàirteach gu Comhairle na Gàidhealtachd. Tha dàta clàrachaidh airson seisean 2024–25 a' nochdadh nach tug am briseadh buaidh air àireamhan.

Seach nach eil dòigh shònraichte ann air sgoilearan TICC aithneachadh, chan urrainn dhuinn àireamh iomlan de sgoilearan air feadh na Gàidhealtachd a thoirt seachad oir bidh beagan cunntais dùbailte ann air sgàth cuid de chloinn a bhith a' dol gu dà ionad. Mar sin, tha an clàr a' dèanamh coimeas eadar atharrachaidhean bliadhna an dèidh bliadhna ann an sgoiltean-àraich FtG agus ionadan com-pàirteachais.

5.4 Tha dàta sgoilearan FtG bun-sgoile air a thoirt seachad sa chlàr a leanas.

Sgoilearan ann am Bun-sgoiltean air am Maoineachadh gu Poblach				
Bliadhna	2020–21	2021–22	2022–23	2023–24
Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd	16,843	16,799	16,657	16,194
Sgoilearan FtG	1,058	1,082	1,101	1,087
% Sgoilearan FtG	6.28%	6.44%	6.61%	6.71%

Tha an àireamh sa cheud de sgoilearan ann am FtG a' sìor dhol suas mar cheudad dhen àireamh iomlan de sgoilearan ann am FtG an coimeas ri Comhairle na Gàidhealtachd uile gu lèir.

Tha na h-àrdachaidhean as motha ann an àireamhan sgoilearan a' buntainn ri Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh agus Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar.

5.5 Tha àireamhan sgoilearan ann am FtG air an tomhas ann an dà dhòigh sa chlàr a leanas: na sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig do luchd-labhairt fileanta (Gàidhlig), agus sgoilearan a tha a' dèanamh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

Sgoilearan ann an Àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd a Tha air am Maoineachadh gu Poblach				
Bliadhna	2020–21	2021–22	2022–23	2023–24
Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd	13,841	14,046	13,903	13,988
Gàidhlig	414	438	436	443
% Gàidhlig	2.99%	3.12%	3.14%	3.17%
Cuspairean FtG	286	287	354	309
% Cuspairean FtG	2.07%	2.04%	2.55%	2.21%
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	2,208	2,204	2,030	2,123
% Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	15.95%	15.69%	14.6%	15.19%

6. Ionnsachadh Didseatach agus Solar Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

6.1 'S e an fheallsanachd airson na Sgoile Didseataich a bhith a' cruthachadh cothromachd do dhaoine òga air feadh Chomhairle na Gàidhealtachd. Le bhith a' tabhann cuid de chùrsaichean ann an àrainneachd dhidseatach gheibh daoine òga bho chuid de na sgoiltean as lugha againn cothrom air tairgse curraicealaim nas fharsainge, mar sin a' toirt barrachd pearsanachadh agus roghainn dhaibh nan cuid ionnsachaidh àrd-ìre.

Thèid an sgoil dhidseatach air bhog ann an seisean 24/25, a' tòiseachadh le pileat de chòig cuspairean gan tabhann aig ìre Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre do bhuidheann de 11 àrd-sgoiltean dùthchail. Tha an luchd-obrach air fad a tha a' teagasg nan cùrsaichean didseatach seo ag obair ann an sgoil aig Comhairle na Gàidhealtachd aig an àm seo agus bidh iad a' tabhann a' chuspair aca ann an àrainneachd dhidseatach ge bith càite a bheil an luchd-ionnsachaidh stèidhichte, a' cruthachadh co-ionannachd eòlais dhan a h-uile neach.

Tha grunn sgoiltean (Inbhir Ùige agus Dòrnach gu ruige seo) air ùidh a nochdadh sa Ghàidhlig (luchd-ionnsachaidh) airson àireamh bheag anns gach sgoil. Le bhith a' tabhann a' chùrsa seo ann an àrainneachd dhidseatach, tha e a' leigeil le àireamhan nas motha an cànan ionnsachadh gun a bhith air am bacadh le cion luchd-obrach agus clàran-ama na sgoile. Bhiodh dùil gum biodh planaichean san ùine fhada ag amas air tairgse Ghàidhlig a leudachadh gu Àrd-Ìre agus is dòcha Àrd-Ìre Adhartach.

7. Prìomhachas Ro-innleachdail Plana na Gàidhlig – 1+2

7.1 Chaidh an dàta a leanas mu Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) & Iomairt Ionnsachadh Cànan 1+2 a chruinneachadh airson 2023.

Sgoiltean C2	27 sgoil a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2
Sgoiltean C3	63 sgoil a' libhrigeadh Gàidhlig mar C3
Gàidhlig Àrd-sgoile (Luchd-ionnsachaidh)	18 àrd-sgoil a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

7.2 Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-dràsta a' leasachadh agus a' libhrigeadh trèanadh de dh'àrd-chàileachd dhan luchd-obrach air fad a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2 no C3 air feadh sgìre na Gàidhealtachd. Tha taic agus trèanadh fhathast gan tabhann do sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd an t-seisean seo.

Anns an Lùnastal 2023, chaidh seisean Soidhnichean a chumail do thidsearan Gàidhlig C2 agus C3, gus sealltainn dhaibh far an lorgar goireasan a bheir taic do ionnsachadh na Gàidhlig sa chlas, cho math ri cothroman air an ionnsachadh cànan fhèin a leasachadh. Bha 12 tidsear an làthair aig an t-seisean seo.

San Lùnastal 2023, thòisich Cùrsa Ionnsachaidh Gàidhlig sia-seachdainean do luchd-tòiseachaidh C2 agus C3, a tha a' còmhdach a' bhriathrachais agus nan structaran a tha a dhìth, bho na cuspairean tùsail sa phrògram obrach Go!Gaelic. Bha àireamhan luchd-frithealaidh gu cuibheasach aig 25 tron chùrsa. Cha deach seiseanan a chlàradh ach chaidh faidhlichean PowerPoint le ath-chòmhdach claisneachd a chur chun a h-uile neach às deidh gach seisean.

San t-Samhain 2023, chaidh cùrsa sia-seachdainean air-loidhne Leasan Gàidhlig Bheò a libhrigeadh do sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd, le sgoiltean bho ùghdarrasan eile a' gabhail pàirt cuideachd. Lean an cùrsa seo air adhart bhon phileat shoirbheachail a chaidh a libhrigeadh sa Chèitean 2023. Bidh na seiseanan seo a' toirt taic do thidsearan a tha mar-thà a' libhrigeadh Gàidhlig mar chuspair C3, ach cuideachd mar sheiseanan tòiseachaidh do sgoiltean eile aig a bheil ùidh ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh na Gàidhlig san sgoil aca. B' e 29 an àireamh a bu mhotha a bha an làthair ach b' e 20 tidsear a bha an làthair gu cuibheasach thar nan 6 seachdainean.

Anns an Fhaoilleach 2024 chaidh Cùrsa Ionnsachaidh Gàidhlig sia-seachdainean a bharrachd a chumail, a lean air adhart bhon chiad chùrsa sia-seachdainean. Bha seo

a' còmhach briathrachas agus structaran nan cuspairean eile a chaidh a theagasg tron phrògram-obrach Go!Gàidhlig. B' e cùrsa measgaichte a bha seo, leis an dà chuid seiseanan beò agus seiseanan clàraichte fèin-ionnsachaidh. Bha 8 tidsearan an làthair.

Anns a' Mhàrt 2024, thèid cùrsa Leasan Gàidhlig Bheò air-loidhne eile a libhrigeadh do sgoiltean fad sia-seachdainean. Bheir seo cothrom do sgoiltean eile pàirt a ghabhail anns a' mhodh-theagaisg sgioba seo agus bheir e cothrom do thidsearan an t-ionnsachadh aca fhèin a leasachadh còmhla ris na sgoilearan, tro ath-aithris agus tro obair leantainneach.

Is e na h-ath cheumannan cleachdadh leantainneach a cho-thaobhadh ri targaidean mar a tha air an suidheachadh le inbhe àrdaichte 1+2 mar phrìomhachas ro-inleachdail airson Foghlam Gàidhlig taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig ùraichte.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 28 Gearran 2024

Ùghdar: Lena Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig agus Ruairidh MacAoidh, Oifigear Leasachaidh Foghlaim

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: